

sgìths air an t-seann each cogaidh no air a mharcaiche. Thuit e mar thuit na ceudan, ach thuit e 's a' bhlàr, le aghaidh ris an namhaid.

Ann an seomair na Parlamaid bha a thlachd ann an gleadhraich nan teanga. Bha e geur sgaiteach 'n a bhriathran,—“ealamh, ullamh, aigeannach,” mar tha'n duan. An uair bhiodh deasbud mór air lom, bha e dàna, colganta, àrd-bhriathrach. Bha e'n sin 'na làn eileamaid; mar shaighdear 's a' chogadh, le claidheamh liobharach chinn Ilich 'na dhòrn, a teumadh, a beumadh, 's a bearnadh am bac baidealach ri aghaidh air taobh eile na cùis. Bha gnìomh an fhir-chlis aige agus cleas an gatha-builg. Cha robh aon innleachd an fhir-labhairt air nach robh e 'na mhaighstir, 's b' ainneamh an t-am nach do choisinn e àrd dhuais an fhir-thagair.

Thubhairt mi gu robh e coibhneil do'n bhoichd agus foidhidneach fo thrioblaid. Mar dhuine bochd e fein bha bàigh aige do na bochdan agus bha a lamh 'n a sporran gu minic. Airson moran bhliadhnaichean fhuiling e péin is doruinn leis a ghreim-lònaidh a bha nimheil is cruaidh ri ghiulan. Ach bha fhoidhidinn fo'n eucail so ro-iongantach. Bha e tiorail, blath-chridheach 'n a theaghlach agus ri aghaidh dhaoine. Agus an uair a bha neach